

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 5 | 2016 | AN CEITEAN

Facal Toisich

Aig àm na Càisge bha prògram inntinneach ballaisteach air an telebhisean mu lùdas Iscariot. Bha an fheadhainn a ghabh compàirt anns a' phrògram a' coimhead air a' cheist – Dè a thug air lùdas na rinn e a dhèanamh? Tha lùdas air a chuimhneachadh ann an eachdhradh mar fhear-brathaidh cho uamhasach agus a bha riamh ann a chionn gun tug e losa thairis da naimhdean airson airgid.

Tha na Soisgeulan a' toirt dhuinn barrachd air aon adhbhar airson gnìomharan lùdais Iscariot, ged nach eil e furasda dhuinne an cumadh inntinn aige a thuigsinn. Bha e air fear de na deisciobail a thagh losa aig toiseach a mhinistrealachd, ach bhrath e a Mhaighistir.

'S ann an urra ri lùdas a bha am beagan airgid a bhiodh aig na deisciobail. Tha sinn a' leughadh gum biodh e a' goid à sporan nan deisciobal. Tha Pòl a' sgrìobhadh gur e gaol an airgid – chan e an t-airgead fhèin – freumh gach uilc. Nar latha-ne chì sinn am milleadh a nì sannd agus miann an airgid air beatha dhaoine.

Tha Eòin 'na shoisgeul ag innse dhuinn gun deachaidh Sàtan a-steach ann an lùdas agus chaidh e a-mach airson losa a bhrath. Tha cumhachdan olca anns an t-saoghal an-diugh nach tuig sinne a tha a' toirt air daoine iad fhèin agus na ficheadan eile a spreadhadh. Ann am Pakistan air Sàbaid na Càisge spreadh neach a bha fo bhuidh an droch spioraid bom a chuir às do Chrìosdaidhean, dìreach a chionn gur e Crìosdaidhean a bha annta. Tha spiorad an uilc ag obair mar a bha e ri linn lùdais.

Ann an soisgeul Eòin tha mòran sgrìobhte mu sholas agus mu dorchadas. Tha sinn a' leughadh gun do ghràdhaich daoine an dorchadas na bu mhotha na an solas, a chionn gu robh an gnìomharan olc. Chuir lùdas an dorchadas air toiseach air an t-solas. Tha an Soisgeul gar gairm gu bhith a' leantainn an t-solais an àite a bhith a' toirt gèill don dorchadas.

**Leis gach beannachd,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais cho ainmeil agus a tha againn ann an Alba. Tha pàirt de chathair-eaglais Dhùn Chailleann a' dol cho fada air ais ris an darna linn deug. Tha an t-Urr. R. Friseal Penny air a bhith 'na mhinistear ann an Dùn Chailleann o 2001. Bidh mu thrì cheud ag adhradh gach Sàbaid anns an t-seann eaglais seo. Fhuair sinn an dealbh o Thormod MacLeòid.

Cùil nan Ceist

Bha sinn a' smaoinichadh mu sholas agus dorchadas ann an Soisgeul Eòin. 'S ann mu dorchadas a tha na ceistean a tha sinn a' togail air a' mhìos seo. Tha freagairt nan ceist anns na caibideilean a tha sinn ag ainmeachadh. Tha na freagairtean cuideachd air an duilleig chùil.

1. Cò a thàinig gu uaigh losa nuair a bha an dorchadas fhathast ann? (Eòin, caibideil 20) Moire
2. Lìon a' bheàrn – “——— mo Dhia mo dorchadas.” (Salm 18.)
3. Cò a dh'ìmicheas anns an dorchadas? (Eclesiastes, caibideil 2.)
4. Dè cho fada agus a mhair an dorchadas air an tìr uile nuair a bha losa air a' chrann? (Mata, caibideil 27.)

Dorsan Fosgailte – 3

Nar n-òige gu h-àraid tha iomadh doras a' fosgladh dhuinn, dorsan a-steach a chàirdeas, doras a-steach a dh'fhòghlam agus iomadach doras eile. Ach a bharrachd air dorsan fosgladh faodaidh dorsan dùnadh gu math teann mar a tha an stòiridh seo a' sealltainn.

Smaoinich air dithis bhràithrean, twins, a bha gu math dlùth dha chèile. Dh'fhosgail doras dhaibh le chèile a dhol don oilthaigh agus bha cùisean a' dol glè mhath dhaibh, ach aon latha dh'fhòn fear dhiùbh dhachaigh a ràdh gu robh e air a fhradharc a chall air aon shùil. Abair gun do dhùin an doras sin teann, oir ann an àm nach robh ro-fhada chaill e a' chuid bu mhotha dha fhradharc, ach cha do chaill e a mhisneachd.

An ceann bliadhna thachair an t-aon rud don twin eile. Bha esan a' dèanamh cùrsa meidigeach anns an oilthaigh agus dùil aige a bhith 'na dhotair teaghlaich. Dhùin an doras air-san gu math teann, oir bha fios aige nach b'urrainn dha a bhith 'na dhotair teaghlaich agus e dall. Bha a h-uile doras dùinte air-san airson deagh ghreis, ach 's e a bhràthair a thug misneachd agus taic dha airson cumail a' dol, agus beag is beag dh'fhosgail doras eile dha, agus chùim e air anns an oilthaigh a' dèanamh lagh, ach bha e den bheachd nach b'urrainn dha a bhith air a dhèanamh gun an taic a fhuair e bho a bhràthair.

Bha e uamhasach dèidheil air ruith, agus bha e riamh a' miannachadh marathòn New York a ruith, agus chaidh sin a chur air dòigh dha, agus 's e a' cheud cheist a dh'fhaighnich e, *Cò a tha a' dol a ruith còmhla rium mar mo shùilean?*

'S e an rud a bu mhotha a bhuail ormsa mu dhèidhinn na stòiridh seo nach do leig iad do na thachair dhaibh an dèanamh searbh. Tha cruaidh-chàs a' dol a thighinn thugainn uile air dòigh no dòigh air choireigin, agus 's e dè a tha sinn a' dol a dhèiligeadh ris as cudthromaiche dhuinn.

Tha sinn a' dèanamh uail ann an trioblaidean, do bhrìgh gu bheil fios againn gun obraich trioblaidean foighidinn, agus foighidinn dearbhadh; agus dearbhadh dòchas.

Oighrig Fhearghadan.
(A' Mhanachainn)

Cuimhneachain air Ministear Gàidhealach

Bhuineadh an t-Urr. Niall MacMhìcheil do dh'Ìle agus chaidh a phòsadh ri coitheanal Chràiginis ann an Earra Ghàidheal ann an 1860. Bha ministrealachd fhada aige ann an Cràiginis. Chaochail Mgr. MacMhìcheil ann an 1916. Bha dithis de na mic aige 'nam ministearan, Donnchadh ann an Largo ann am Fìobha, agus Daibhidh thall ann an Ceylon.

Bho chionn ghoirid cheannaich Fionnghal Nic Nèill, a tha a' fuireach anns a' Chaisteal Nuadh, ach a bhuineas do Cheann Loch Chille Chiarain, dà dhealbhan-làimhe. Cò a bha anns na dealbhannan sin ach an t-Urr. Niall MacMhìcheil agus a bhean, Iseabal, a bha à Ceann Loch Chille Chiarain. Chaidh na dealbhannan a tharraing ann an 1861.

Anns a' Mhàrt thàinig Fionnghal Nic Nèill a dh'Earra Ghàidheal airson na dealbhannan thoirt dhachaigh don sgìr far an robh Mgr. MacMhìcheil 'na mhinistear.

Rinn Chris Thornhill, a tha 'na Leughadair aig Eaglais na h-Alba, rannsachadh mòr airson fiosrachadh fhaighinn mun mhinistear agus a theaghlach. Air Didòmhnaich na Càisge fhuair an coitheanal far an robh Niall MacMhìcheil 'na mhinistear cothrom an dà dhealbhan fhaicinn ann an eaglais Chràiginis.



Seo an dealbh aig an Urr. Niall MacMhìcheil agus a bhean, Iseabal, a chaidh a tharraing ceud gu leth bliadhna air ais, agus a tha a-nis air ais ann an Earra Ghàidheal.

Leabhraichean

'S e an t-eilean ris a bheil an leabhar a' dèiligeadh, Orasaigh, faisg air Colbhasaigh, aig a bheil àite cho cudthromach ann an eachdraidh na h-Eaglais Cheiltich. Buinidh an t-ùghdar do Sussex, ach tha a dachaigh an-diugh ann an Taigh a' Bhealaich ann an Earra Ghàidheal, agus tha e soilleir gu bheil maise na Gàidhealtachd a' toirt tlachd dhi. Nuair a bha i na b'òige bhiodh i a' dèanamh fhiolmaichean don BhBC mun àrainneachd. Tha an duine aice cuideachd air cliù a chosnadh mar fhear a bhios a' togail dhealbhan de dh'obair nàdair air feadh an t-saoghail.

Tha grunn eileanan ann air an tug na Lochlannaich an t-ainm, "Orasaigh". (Tha eilean beag leis an ainm sin beagan cheudan slat on àite far an do rugadh Fear-deasachaidh nan *Duilleag*.) 'S e a tha ann an còmhnaidh eilean a ruigear ri muir-tràigh. Tha ceangal aig an eilean ri fear de na teachdairean Ceilteach, Odhran. Buinidh Orasaigh mu bheil an leabhar seo do Chomann Rìoghail nan Eun

Wild Island
A Year in the Hebrides
Jane Smith
(air fhoillseachadh le Birlinn. £20)

agus tha e air àiteach ann an leithid de dhòigh anns am bi e a' tarraing eunlaith agus ainmhidhean.

Tha an leabhar grinn bho iomadh sealladh. Tha an dòigh-sgrìobhadh grinn siùbhlach, air amannan eirmseach. Gheibh sinn mòran fiosrachaidh mu na h-eòin a bhios a' tadhal air Orasaigh agus feadhainn a bhios a' fuireach ann fad na bliadhna. Tha na dealbhannan-làimhe a rinn Jane Smith airson an leabhair – agus tha na ficheadan dhiùbh ann – air leth grinn cuideachd, a' chuid mhòr de na h-eòin a chìthear ann an Orasaigh.

Tha an leabhar seo a' dearbhadh cho àlainn agus cho eadar-dhealaichte agus a tha na seallaidhean a chìthear ann an eileanan na h-Alba. Tha e furasda aithneachadh gu bheil tarraing mhòr anns na h-eileanan don ùghdar, gu sònraichte an t-eilean beag mu bheil i a' sgrìobhadh. Bidh fèill air an leabhar am measg luchd-leughaidh a bhios a' tadhal oirnn, a bharrachd air daoine a tha a' fuireach air a' Ghàidhealtachd.

Searmon

Och, nach robh agam sgiathan! Mar chalaman theichinn air an iteig, agus gheibhinn fois. (Salm 55:1.)

Tha mi a' creidsinn nach eil duine againn nach do dh'fhairich, uair no uaireigin, gu robh cùisean cus air ar son. Bha uallaichean cho mòr oirnn agus nach robh sinn a' faicinn gu robh dol às againn ach teicheadh gu àite fàsail air choireigin, fada o dhaoine, fada o ghleadhraich an t-sluaigh, fada o na rudan a tha a' cur dragh oirnn.

Nuair a ghabhas sinn beachd air Eliah, Ieremiah, Daibhidh agus Pòl, tha sinn a' smaoinichadh air ceathrar de ghaisgich mhòra a' chreidimh ann an làithean a' Bhìobail. Bhiodh daoine ag ràdh mun dèidhinn, *B'fheàrr leam gu robh creideamh mar sin agamsa!* 'S dòcha gun smaoinich sinn nach biodh daoine mar sin ag iarraidh teicheadh.

Bha Eliah 'na dhuine a rinn mìorbhailean ann an ainm Dhè. Duine mar sin a bha cho misneachail, cho creidmheach, chanadh sibh nach biodh esan fo throm inntinn, fo dhìobhail-misnich, mar a bhios daoine eile.

Bha Eliah air buaidh a thoirt air fàidhean Bhàil, ach aon uair agus gun d'fhuair e rabhadh o bhan-rìgh Iseibeil theich e gu uamh anns an fhàsach. B'fheàrr leis a bhith marbh.

Bha Ieremiah 'na dhuine a sheas gu treun air taobh Dhè ann an latha anns an robh fuachd spioradail anns an tìr. Chaidh a sgiùrsadh agus a chur don phrìosan ach cha chumadh na naimhdean 'na thosd e.

Ach dè a thubhairt e, *Och, nach robh agam anns an fhàsach pàillean fir-thurais, a-chùm gum fàginn mo shluagh, agus gun imichinn uapa!*

No smaoinich air Daibhidh, duine a bha a rèir cridhe Dhè, mar a tha am Bìoball ag ràdh. Ach bha esan a' miannachadh gu robh sgiathan calamain aige airson gun teicheadh e o na rudan a bha ga chumail sìos.

Bha Pòl 'na dhuine a bha làidir anns a' chreideamh. Ach fhuair e sgolb anns an fheòil, fiosrachadh cràiteach, agus ghuidh e orra

Dia trì uairean gum biodh e air a thoirt air falbh.

Ach dè a thachair nuair a dh'iarr Eliah, an duine le Dia, Ieremiah, am fàidh, Daibhidh an salmadair, agus an t-abstol Pòl teicheadh gu àite fàsail fada air falbh o na rudan a bha a' cur dragh air?

Cha d'fhuair iad sgiathan airson gum faigheadh iad air falbh o na rudan a bha cho trioblaideach. Ach fhuair iad neart o Dhia airson seasamh ris na rudan a bha cho uallachail. 'S e an duan a tha aig Daibhidh a-nis, *Tilg air an Tighearna do chùram, agus cumaidh Esan suas thu; cha leig E am feasd don fhìrean a bhith air a ghluasad.*

Am Moderàtor air Chuairt



Bha am Moderàtor, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, glè thrang fad na bliadhna a bha e anns an dreuchd. Thadhail e air iomadh sgrìobhadh air feadh na dùthcha agus bhiodh a bhean Marion 'na chois. Air na cuairtean aige bhiodh e a' coinneachadh ri daoine le Gàidhlig. Anns an dealbh seo còmhla ris a' Mhoderàtor aig Seann Eaglais Air air an làimh dheis den Mhoderàtor tha Iain (John Angus) MacLeòid, a bhuineas don Leacainn anns na Hearadh agus a tha 'na eildear anns an eaglais seo.

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagasg airson na mìos seo: "Chaidh losa anns an àm sin air latha na Sàbaid tro na h-achaidhean arbhair".

Tha na faclan sin ann an Soisgeul Mhata, an darna caibideil deug, aig a' cheud rann. (Mata 12:1.) Chì sinn glòir a' chruthachaidh anns an t-saoghal mun cuairt oirnn. Anns na h-achaidhean, aig àm cur an t-sìl agus ann an àm an fhoghair, tha Dia a' teagasg iomadh leasan dhuinn. Air a' bheinn, ri taobh an loch, anns an achadh, bha losa an còmhnaidh a' teagasg nan deisciobal. Aig an àm seo den bhliadhna chì sinn iomadh sealladh brèagha, air Ghalldachd agus air Ghàidhealtachd.



Bha seo sgrìobhte aig àm na Càisge. An-dè bha mi aig dà sheirbheis, seirbheis Bheurla agus seirbheis Ghàidhlig. Tha

e math a bhith a' cuimhneachadh air teachdaireachd na Càisge. Tha aiseirigh Chrìosd a' teagasg dhuinn gun d'fhuair Esan buaidh air a' bhàs. Thubhairt E ris na deisciobail gum biodh compàirt acasan anns a' bhuaidh sin. Thubhairt Pòl, "Buidheachas do Dhia, a tha a' toirt dhuinne na buadha tre ar Tighearna losa Crìosd." Bha e math a bhith a' faicinn dhaoine a bha air chuairt anns an àite aig na seirbheisean Càisge. Bha feadhainn dhiùbh a' tadhal air an càirdean, agus thàinig iad mar theaghlach don eaglais.



Seanfhacal airson na mìos seo: "Na creid an droch sgeul gus an dearbhar i." (Believe not the bad report until

it is proved.) 'S iomadh duine a chreid naidheachd nach robh fìor. Rì tide thuig iad nach robh facal fìrinn anns an sgeulachd. Chan eil e cho furasda a bhith ag aideachadh gu robh sinn ceàrr. Bidh na pàipearan-naidheachd a' clò-bhualadh rudan nach eil fìor. Tuigidh iad mu dheireadh nach e an fhìrinn a bha ann. Ach chan eil e furasda do na pàipearan-naidheachd a bhith ag aideachadh gu robh iad ceàrr. Tha e nas fheàrr dearbhadh a bhith againn air naidheachd mun innis sinn do dhaoine eile i.



Bho chionn dà oidhche dh'atharraich an uair. Chuir sinn an cleoc uair a thìde air thoiseach. Tha e math gu bheil

an latha a-nis nas fhaide. Ach bidh beagan làithean ann mun faigh sinn cleachdte ris an uair seo. Uaireannan thig daoine don eaglais nuair a tha an t-seirbheis a' crìochnachadh a chionn nach do chuimhnich iad an cleoc atharrachadh. Tha am Bìoball tric ag innse dhuinn mu na rudan nach eil ag atharrachadh. Chan eil atharrachadh a' tighinn air gràdh sìorraidh Dhè. Chan eil na geallaidhean mòra a tha againn anns a' Bhìoball ag atharrachadh mar a than a làithean agus na bliadhnanachan a' dol seachad.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Ar Slàn'gheir caomh, nuair dh'aslaich E
A shoraidh choibhneil, ghrinn,
Dh'fhàg lùl is Cofhurtair 'n dhèidh,
A chòmhnaidh leinn.*

Dh'eadar-theangaich Iain Mac Ghille Bhàin an laoidh seo gu Gàidhlig. Bhuineadh esan do dh'eilean Eisdeil agus thionndaidh e iomadh laoidh on Bheurla gu Gàidhlig. Chaidh an laoidh Bheurla, a tha freagarrach airson Latha na Caingeis, a sgrìobhadh le Harriet Auber (1773-1862). Ged a chuir i iomadh laoidh ri chèile, cha chluinnear an-diugh ach an dàn seo.

AN T-OLL. URR. ALASDAIR DOMHNALLACH

Bidh ionndrain am measg nan Gàidheal air an Oll. Urr. Alasdair (Sandy) Dòmhnallach a chaochail anns a' Mhàrt. Bha e 'na mhinistear ann am Pàislig nuair a chaidh a thaghadh mar Rùnaire air Bòrd na Ministrealachd aig Eaglais na h-Alba. Bha e 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh eadar 1997 agus 1998. Bha eòlas farsaing aige air an Eaglais air Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, agus 's iomadh ministear a fhuair comhairle ghlic agus cuideachadh bhuaithe rè nam bliadhnan.

FUASGLADH NAN CEIST

Air a' cheud duilleig chuir sinn ceistean oirbh às a' Bhioball mu dhorchadas. Seo na freagairtean. 1. Moire. 2. Soillsichidh. 3. An t-amadan. 4. On t-siathamh uair gus an naodhamh uair.

SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

Bidh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh air a cumail mar as àbhaist ann an eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann air Didòmhnaich, an latha den Chèitean. Bidh an t-seirbheis a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh meadhan-latha. Tha sinn an dòchas gum bi coitheanail math de Ghàidheil a' bhaile agus buill an Ard-sheanaidh an làthair aig an t-seirbheis. A' searmonachadh bidh an t-Urr. Iain Murchadh Dòmhnallach (Tairbeart na Hearadh).

ADHBHAR GAIRE

Anns na seann làithean bhiodh daoine a' coiseachd deagh astair chun na h-eaglais, gu h-àraidh aig àm Comanachaidh. Uaireannan bhiodh an t-seirbheis air tòiseachadh mun ruigeadh cuid den luchd-coiseachd an eaglais. An turas a bha seo bha gu

leòr de na coisichean air deireadh agus bha an doras a' fosgladh agus a' dùnadh agus bha fuaim ann agus cuid den choitheanal a' toirt sùla thar an guailne a dh'fhaicinn cò a bha a' tighinn a-steach. Bha am ministear anns a' chùbaid a' fàs car mì-fhoighidneach mun dol a bha seo. Mu dheireadh thubhairt e, "Cha ruig sibh a leas a bhith a' coimhead. Innsidh mise dhuibh cò a tha ann. Siud Dòmhnall MacLeòid à Dùn Bheagain agus a bhean Màiri. Seo a-nis Anna NicSuain agus a piuthar Ceit."

Urnaigh

A Dhè shiorraidh,
a tha gad fhoillseachadh fhèin dhuinn
ann an ràithean eadar-dhealaichte na bliadhna,
tha sinn a' toirt taing dhut airson teachd an t-samhraidh.
tha sinn gad mholadh airson grian an t-samhraidh,
airson chothroman a bhith a' coiseachd a-muigh
air an tràigh agus am measg nam beann.
Tha sinn a' toirt taing dhut
airson làithean saora
nuair a tha sinn a' cur eòlais
air àiteachan ùra agus air daoine ùra.
Tre Chrìosd ar Slànaighear.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Fad mìosan an t-samhraidh
bidh luchd-turais a' tadhal air
an Eilean Sgitheanach no
a' siubhal tron eilean air an t-slighe
gu Loch nam Madadh
no chun an Tairbeirt.
Air an rathad bidh iad a' dol seachad
air Sligeachan, aig crois an rathaid
gu Dùn Bheagain no Port Rìgh.